

<p style="text-align: center;"><b>Co-aonadh Cholaistean UHI - Comataidhean Comhairleachaidh Ionadail</b></p> <p style="text-align: center;"><b>Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig</b></p> <p style="text-align: center;"><b>19 Iuchar 2023</b></p>	<p style="text-align: center;"><b>UHI Colleges Merger – Local Advisory Committees</b></p> <p style="text-align: center;"><b>Response from Bòrd na Gàidhlig</b></p> <p style="text-align: center;"><b>19 July 2022</b></p>
<p>Nuair a thathar a’ rognachadh bhall airson Comataidhean Comhairleachaidh Ionadail, bu chòir beachdachadh an tigeadh far-luach bho bhith a’ fastadh dhaoine le sgilean Gàidhlig agus ceanglaichean ri coimhearsnachdan is buidhnean Gàidhlig.</p> <p>Bhiodh daoine den leithid seo a’ leudachadh farsaingeachd nan ceanglaichean ri leasachaidhean ionadail, cothroman, pròiseactan agus com-pàirteachasan. A bharrachd air sin, bidh comas meudaichte aca a bhith mar thosgairan airson na colaiste agus UHI sa choimhearsnachd ionadail.</p> <p>Nan robh iad air am fastadh, bhiodh iad a’ cur ri dèanamh cinnteach gum bi a’ cholaiste, sna briathran a chleachdadh, “air a deagh shuidheachadh gus a bhith a’ co-obrachadh le coimhearsnachdan gu bhith a’ leasachadh na Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach agus sòisealta airson barrachd dhaoine.”. Mar sin, bidh seo a’ cuideachadh gus amas a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a coileanadh gun tèid “a’ Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine”.</p> <p>Bhiodh an ìre de dh’ùidh am measg dhaoine a bhith nam ball de Chomataidh Comhairleachaidh Ionadail air a meudachadh tro bhith a’ sanasachadh sa Ghàidhlig a bharrachd air sa Bheurla.</p> <p>Le bhith a’ fastadh dhaoine le sgilean Gàidhlig is ceanglaichean ri buidhnean is coimhearsnachdan Gàidhlig, bithear a’ taisbeanadh inbhe/feallsanachd na Gàidhlig taobh a-staigh na colaiste co-aonaichte. Chithear seo ann an diofar phuingeannan san sgrìobhainn <i>Moladh</i></p>	<p>In selecting members of Local Advisory Committees consideration should be given to the added value of recruiting individuals with Gaelic language skills and links to Gaelic communities and organisations.</p> <p>Such individuals would extend the breadth of connections into local developments, opportunities, projects, and partnerships. They will also have an enhanced ability to act as ambassadors for the college and UHI in the local community.</p> <p>Their recruitment would contribute to ensuring that the college is what it terms “ideally placed to work with communities to develop Gaelic as an economic and social asset for more people”. In turn, this will help achieve the aim of the National Gaelic Plan that Gaelic “is used more often, by more people”.</p> <p>Interest in applying to be a member of a Local Advisory Committee would be increased by advertising in Gaelic as well as English.</p> <p>Recruiting individuals with Gaelic language skills and connections with Gaelic organisations and communities would reflect the stated place/ethos of Gaelic within the merged college. That is highlighted at various points in the</p>

airson Co-aonadh agus Adbhar-gnothaich. Gu sònraichte:

- Gum biodh “buaidh bhrìghmhor aig a’ Ghàidhlig san sgìre air a còmhachadh leis a’ cholaiste cho-aonaichte a thathar a’ moladh”.
- Gum biodh a’ Ghàidhlig “mar phrìomh raon spèisealachd a bhios a’ cholaiste cho-aonaichte ag iarraidh toirt air fàs”.
- “Prìomh raointean a bhios a’ ceangal an rannsachaidh againn agus cothroman coimeirsealta ...leithid...Gàidhlig”.
- Trèanadh thidsearan ann an Gàidhlig ga ainmeachadh mar aon de na prìomh nithean a ghabhas a libhrigeadh leis a’ cho-aonadh.
- “Ag obair còmhla ri buidhnean dualchais is coimhearsnachd gus Gàidhlig a dhìon agus a leasachadh mar sho-mhaoin coimhearsnachd”.

Merger Proposal and Business Case document. In particular:

- “Significant Gaelic influence in the area covered by the proposed merged college”.
- Gaelic “as a key area of specialism that the merged college wishes to grow”.
- “Key areas that link with our research and commercial opportunities...such as...Gaelic language”.
- Gaelic language teacher training as one of the key merger deliverables.
- “Working with heritage and community groups to protect and further develop Gaelic as a community asset”.

